

# AG IONNSACHADH SAN DACHAIGH: Beachdan do phàrantan agus luchd-cùraim mu ionnsachadh aig a' Chiad Ìre



Nuair a tha am pàiste agad ann an C2, C3 no C4, canaидh sinn gu bheil iad ag ionnsachadh aig a' Chiad Ìre. Do chuid de chlann bidh an ìre seo a' tighinn nas fhaide air adhart. Tha pàirt dhen ionnsachadh againn san sgoil mu **dhàimhean, mu fhàs, mum bodhaigean** agus rud ris an canar **sgeul a' bhèibidh**. Tha seo na phàirt den ionnsachadh Slàint' is Sunnd againn air a bheil *Dàimhean, Fallaineachd Feise agus Pàrantachd*.

**'S tusa a' chiad thidsear agus an tidsear as cudromaiche a th' aig do phàiste.** Le do phàiste san sgoil tha cothrom ann do phàrantan/luchd-cùraim agus sgoiltean obrachadh còmhla gus am pàiste a chuideachadh le ionnsachadh. Sna duilleagan a leanas tha sinn a' coimhead air mar as urrainn dhuibh taic a chur ris an ionnsachadh sin, tha beachdan ann cuideachd bho phàrantan air na bhios iadsan a' dèanamh a thaobh seo.

## Ag ionnsachadh mu dhàimhean

San dachaigh faodaidh sibh na leanas a dhèanamh – tha feadhainn de na rudan seo follaiseach gu leòr agus bidh sibh gan dèanamh co-dhiù bho latha gu latha, chan eil sinn gan ainmeachadh ach bhon a tha iad a' cur taic ris na tha sinn ag ionnsachadh san sgoil.

**Tha sinn uile gun shamhail!** Nuair a tha sibh a' còmhradh agus a' cluich còmhla cuir an cuimhne do phàiste cho cudromach agus cho sònraichte's a tha iad. Bruidhinn air na rudan a tha iad math air agus na tha gaolach mun deidhinn. Faodaidh sibh cuideachd bruidhinn air na tha a' dèanamh am bràithrean, am peathraighean no an co-oghaichean gun shamhail agus sònraichte cuideachd.

- **A' bruidhinn air teaghlaichean.** Tha e a' còrdadh ri clann a bhith a' cluinnntinn sgeulachdan mu do dheidhinn-sa nuair a bha thu a' fàs, mu na càirdean aca às gach àite. 'S urrainn do theaghlaichean beagan gàirdeachais a dhèanamh bhon a tha iad dlùth. Faodaidh sibh dealbhan a dhèanamh de chàirdean, craobh-seanchais, no gailearaidh teaghlaich/fhèineagan.
- **Ag ionnsachadh mu inbhich earbsach.** San sgoil tha sinn a' cuideachadh na cloinne gu bhith ag ionnsachadh mu na h-inbhich a tha gan cuideachadh agus a' toirt taic dhaibh, agus mun fheadhainn a chuidicheas ma tha dragh no iomagain orra mu rud sam bith. San dachaigh faodaidh sibh bruidhinn air inbhich eile ann am beatha a' phàist' agaibh a tha a' toirt cùram agus gaol dhaibh.
- **Nad bhalach no nad nighean.** San sgoil tha sinn a' brosnachadh clann gu bhith toilichte annta fhèin, leis an t-seòrsa nighinn no balach a th' annta. Tha mòran cloinne a' dol a rèir na tha dùil aig daoine ris bho nighean no balach, ach tha cuid eile nach eil. San sgoil tha sinn a' dèanamh ar dìcheall gus clann a' làimhseachadh ann an dòigh a tha co-ionann. San dachaigh brosnaich do phàiste a

bhith mar a thogras iad fhèin, gus cuideachadh le obair san dachaigh agus cuidich iad gu bhith spèiseil do chlann eile, ge bith cò iad.

Seo cuid de na thuirt pàrantan eile:

*"Bidh sinn a' gabhail cothroman mar a tha iad ag èirigh airson còmhraidhean fhosgailte... rud a chì sinn air an Tbh no air taobh bus, cleachdaidh sinn e."*

*"Bidh balaich ag iomlaid stiogairean ri nigheanan, bidh an dà chuid a' dèanamh trèanadh ball-coise. Tha cùisean air atharrachadh agus tha sin na rud math."*

*"Chan eil cuideam sam bith air bhuainne. Tha sinn ga bhrosnachadh cumail roimhe leis an dannsa aige; bha nàire air an toiseach ach thug sinn misneachd dha leantail air agus thuig e gun robh e ceart gu leòr."*

*"Bidh mi ag innse dhi gun dèan nigheanan rud sam bith a thogras iad."*

*Thàinig cuspair LGBT suas sa sgoil oir bha cuideigin a' bruidhinn air neach ainmeil a' ràdh gun robh e gèidh. Dh'inns mi dhaibh dè bha gèidh a' ciallachadh agus bhruidhinn sinn air balaich aig a bheil nòisean air balaich/ nigheanan aig a bheil nòisean air nigheanan. Cha do shaoil iad gun robh sòn annasach mu dheidhinn, agus bhruidhinn sinn air am facial a sheachnad mar chàineadh."*

## Ag ionnsachadh mu fhàs agus bodhaigean

San sgoil bidh sinn a' bruidhinn air 'cothroman teagaisg'. Bidh amannan ann nuair a dh'èireas cuspair – far nach robh dùil ris agus far nach robh ionnsachadh air a phlanadh – a tha a' toirt cothrom ionnsachadh a thoirt do phàiste. Ann a bhith a' dèligeadh ri fàs agus ionnsachadh mum bodhaig's e deagh dhòigh a tha seo air taic a chur ri ionnsachadh san dachaigh. Seo beachd no dhà:

- **'S ann leamsa a tha mo bhodhaig!** Seo a' phrìomh theachdaireachd a tha sinn airson ionnsachadh do chlann san sgoil. Bidh clann ag ionnsachadh nach fhaod neach sam bith suathadh annta an aghaidh an toil. San dachaigh faodaidh sibh a bhith cinnteach nach can sibh ri clann gum feum iad pòg a thoirt do dhuine no suidhe an uchd duine – faodaidh iad an toil fhèin a dhèanamh. Faodaidh sibh cuideachd a bhith soilleir gun faod iad innse dhuibh ma shuathas duine, no ma dh'fheuchas iad ri suathadh, sna pàirtean priobhaideach aca, agus nach bi iadsan ann an trioblaid airson innse.
- **San taigh-bheag.** Nuair a tha do phàiste a' dol dhan taigh-bheag, no dhan amar, no dhan fhrasadair, tha cothroman ann am brosnachadh gus smaoineachadh air na tha priobhaideach. Mura h-eil cuideachadh a dhìth, faodaidh clann rudan a dhèanamh iad fhèin. Faodaidh iad dorsan a dhùnadh, an làmhan a nighe, aodach a chur orra.

- **Na faclan a bhios sinn a' cleachdad.** San sgoil bidh sinn a' cleachdad na faclan: bod, pit, tòn agus ceann-cìche/sine. Bidh sinn a' dèanamh seo airson 's gum bi na faclan cearta aig clann agus mar sin gun tuig sinn uile a chèile. Tha seo gan cumail sàbhailte. Tha iad ag ionnsachadh nach eil anna seo ach pàirtean dhem bodhaig agus nach eil adhbhar näire mun timcheall. Faodaidh sibh na faclan seo a cleachdad ma dh'fheumas sibh bruidhinn mu na pàirtean priobhaideach aca. (Dìreach airson a bhith soilleir bidh sinn a' cleachdad an fhacail pit bhon as e seo am pàirt de na buill-fheise a chì nighean – tha am faighean air an taobh a-staigh).
- **Riaghait nan drathais.** Tha an dòigh seo air ionnsachadh mu na pàirtean priobhaideach a' cordadh ri clann. Thoir sùil an seo:  
<https://www.nspcc.org.uk/preventing-abuse/keeping-children-safe/underwear-rule/>

Seo cuid de na thuirt pàrantan eile:

*"Tha sinn air bruidhinn air na pàirtean bodhaig aig an nighinn agam agus mun diofar eadar balaich agus nigheanan chionn bhon a bha i a' faighneachd cheistean, shaoil mi gun robh i deiseil airson nam freagairtean ma bha i a' faighneachd."*

*"They are aware of other names used 'flower, winky, willy etc.' I have always ensured that 'vulva' 'penis' have been used as correct terms for their anatomy."*

*"Tha e 5 agus tha am facial bod aige. Faodaidh e fhèin taghadh dè bheir e air."*

*"Chuir mi romhan na faclan sgoile a chleachdad airson 's nach biodh e troimh-a-chèile."*

*"Mar mhàthair tha seo a' cur beagan näire orm oir tha mi caran priobhaideach nuair a thig e gu bhith a' bruidhinn air a' bhodhaig 's msaa, ach tha mi a' tuigsinn gum feum mi a bhith fosgailte agus misneachail a thaobh na tha mi a' ràdh agus tha mi airson gum bi fios aige gum faod e tighinn thugam le ceist sam bith a th' aige."*

*"Tha iad ag ionnsachadh seo san sgoil – gur e àite priobhaideach dhaibhsan a san drathais aca. Tha mi toilichte gu bheil sgoiltean a' dèanamh seo."*

## Ag ionnsachadh mu thoiseach beatha neach, leatromachd agus breith.

San sgoil bidh clann ag ionnsachadh mar a tha beatha a' tùiseachadh, mu leatromachd agus mu bhreith. Bidh sinn a' dèanamh seo le bhith a' bruidhinn air planntaichean agus beathaichean, agus tha sinn a' ciallachadh bruidhinn air beatha neach cuideachd. Bidh sinn ga dhèanamh oir tha iongnadh air clann, tha iad ag iarraidh gum fios aca agus 's e an rud as fheàrr a bhith dìreach. 'S dòcha gun deach faighneachd mar-thà *Cò às a tha bòidhean a' tighinn?* Seo beachdan air mar a dh'fhaodas sibh bruidhinn agus ionnsachadh mun seo san dachaigh. Seo liosta leabhairchean a chuidicheas leis na còmhraidhean seo:

- **Ciamar a tha bùibidhean gan dèanamh?** San sgoil bruidhnidh sinn air mar a tha bùibidhean air an dèanamh ann an dòigh shìmplidh a dh'innseas mu fheise agus mu ghineamhainn. Mus dèan sinn an leasan seo, seallaidh sinn dhuibh am PowerPoint agus na faclan a chleachdas sinn airson's gun cuir sibh taic ris an ionnsachadh seo san dachaigh.
- **Leatromachd.** San sgoil, bruidhnidh sinn air mar a bhios bùibidh a' fàs ann am machlag a mhàthar. San dachaigh no san teaghlach no còmhla ri caraidean faodaidh cothroman a bhith ann do chlann coinneachadh ri agus bruidhinn ri boireannaich a tha trom; bidh iongnadh orra agus bidh iad ag iarraidh tuilleadh fhaighinn a-mach! Tha cothroman an lùib leatromachd aig an taigh le breith bhràithrean no pheathraichean beaga no co-oghaichean airson tuilleadh ionnsachadh mu na h-atharrachaidhean a tha an cois leatromachd.
- **Ciamar a tha bùibidhean air am breith?** San sgoil ionnsaichidh clann mu bhùibidh a tha gus a bhreith, a' tighinn a-nuas às a' mhachlaig agus a-mach tro fhaighean a mhàthar. San dachaigh faodaidh sibh bruidhinn air breith a' phaist' agaibh no breith pheathraichean, bhràithrean. 'S dòcha gu bheil dealbhan agaibh a sheallas sibh.
- **Dè dh'fheumas bùibidhean?** Ged a tha clann iad fhèin òg, tha sinn airson gun ionnsaich iad san sgoil mu na dh'fheumas bùibidh gus a bhith fallain, toilichte agus sàbhailte. A-rithist faodaidh sibh bruidhinn air eòlas pearsanta gus am pàiste agaibh a chuideachadh ag ionnsachadh. Faodaidh sibh bruidhinn air mar a bha iad nam bùibidh, na bha a' toirt cofhurtachd dhaibh agus na chùm iad fallain, toilichte agus sàbhailte.

Seo cuid de na thuirt pàrantan eile:

*"Bidh mi a' mìneachadh tòrr mu ghineamhainn agus leatromachd a' cleachdadh leabhar a bh' agam fhìn nuair a bha mi trom."*

*"Bha an nighean agam na pàirt dhen phròiseas bho thoiseach nuair a chuir sinn romhainn pàiste eile a bhith againn gu leatromachd agus breith. Tha i gu math fiosrach air a' chuspair!"*

*Tha mi daonna air a bhith firinneach agus air cuspairean a thogail nuair a bha na cothroman ag èirigh, ag innse mar a bha pàiste agam, na bha an lùib sin agus mar a tha bùibidh ga dhèanamh.*

*"I've always honest and proactive in discussion when opportunities present themselves such as discussing how I gave birth and what was involved in making a baby - age appropriate though."*

## Cho cudromach 's a tha èisteachd agus còmhradh

Mar a bhios fios agaibh, aig amannan chan fheum sibh ach a bhith san àite cheart aig an àm cheart. Aig na h-amannan sin nochdaidh do phàiste faireachdainn a thogas tu, 's dòcha gum bi coltas orra gu bheil iad airson rudeigin innse dhut, no gu bheil ceist aca no dh'fhaioite gum

faighnich iad ceist gun dùil. Chan eil teagamh nach eil e doirbh aig amannan a bhith nad phàrant no nad neach-cùraim. Ach nuair as urrainn dhut, bi ann airson còmhradh no gèam no leabhar ro àm-cadail.

*“S e tha cudromach gum bruidhinnear air cùisean. Tha fios aige gum faod e tighinn thugamsa no gu duine sam bith san teaghlaich – tha mi air innse dha nach eil cuspair sam bith ann air nach fhaod sinn bruidhinn.*

## Leabhraichean a dh'fhaodas sibh a leughadh còmhla

Tha cuid dhe na leabhraichean seo againn san sgoil agus bu chòir gum faigh sibh tuilleadh bhon leabharlann – mura h-eil iad aca 's dòcha gun òrdaich iad dhuibh iad. An dòchas gun còrd iad ribh!

### **Lift the flap Questions and Answers about my Body**

Katie Daynes (ISBN 9781409562108)

Tha freagairtean airson mòran de cheistean chloinne mum bodhaigean san leabhar seo le flapaichean son an togail. Nam measg, Carson a tha fàileadh asam? Carson a bhios mi a' brùchdail? Carson a dh'fheumas mi mo làmhan a nighe? Carson a tha fuli dearg? Agus mòran eile.

### **Your body belongs to you**

Cornelia Spelman (ISBN 978-0-8075-9473-5)

Ann an cànan simplidh, cuideachail tha an t-ùghdar a' mìneachadh gum faod clann fàsgadh cairdeil no pòg a dhiùltadh, fiù 's bho chuideigin air a bheil gràdh aca, agus gum faod iad fhathast a bhith nan caraidean. Tha an teacsa agus na dealbhan a' cur an cuimhne chloinne gu bheil na faireachdainnean aca a' cunntadh. Dòigh a tha deimhinneach agus taiceil.

### **Colin and Lee, Carrot and Pea**

Morag Hood (ISBN 1509808949)

Dòigh sgoinnejil gus clann a chuideachadh a' dèanamh gàirdeachas mu bhith sònraighe, mu dhàimh agus mu għlasraich!

### **Miles is the boss of his body**

Samantha Kurtzman- Counter agus Abbie Schiller (ISBN 0989407136)

Air an t-6mh co-là breith aig Miles chan eil uiread a thoileachas aige nuair a tha a theaghlaich ga bhìdeadh, ga fhàsgadh cus, ga thogail agus ga dhiogladh an aghaidh a thoil 's tha e a' cur roimhe gu bheil siud gu lèor! Nuair a tha Miles a' cur roimhe gur esan ceannard a bhodhaig fhèin, tha a theaglach gu lèir a' toirt taic dha a thaobh a chrìochan pearsanta.

### **Who's in a Family**

Robert Skutch (ISBN 1883672139)

Tha teaghlaich cudromach, ach cò th' ann an teaghlaich? 'S iadsan na daoine aig a bheil gràdh dhut! Chan eil ro-bharail sam bith san leabhar-dheilbh seo mu na tha a' dèanamh suas teaghlaich.

## Families, Families, Families!

Suzanne Lang (ISBN 9780552572927)

Ma tha gràdh agaibh dha chèile, tha sibh nur teaghlaach. Faigh a-mach mu dhiofar theaghlaichean bheathaichean gòrach san leabhar seo a tha a' dùnanamh gàirdeachas mun ghràdh a gheibhear ann an teaghlaichean mòr agus beag.

## The Huge Bag of Worries

Virginia Ironside (ISBN 0340903171)

Ge bith càit an tèid Jenny, leanaидh a trioblaidean i – ann am baga mòr gorm! Tha Jenny a' cur roimhpe gum feum iad falbh. Ach cò chuidicheas i? Còrdaidh an sgeulachd èibhinn, thaiceil seo ri gach pàiste aig am bi trioblaidean an dràsta 's a-rithist.

## I'm a Girl!

Yasmeen Ismail (ISBN 1408857006)

Tha gleidheadh, no buannachadh, a' còrdadh ris an nighinn san leabhar seo, tha e a' còrdadh rithe a bhith a' dùnanamh rudan gun mòran smaoineachaidh, luath agus làidir. Nuair a tha i a' tachairt air balach a tha titheach air a bhith a' cluich le doileagan agus a' cur aodach bana-phrionnsa air, tha an dithis aca a' faighinn a-mach gu bheil ùidhean farsaing de gach seòrsa aca. Cò thuirt gur ann do nigheanan a tha pinc agus gu bheil gorm do bhalaich?

## My many coloured days

Dr Seuss (ISBN 0099266598)

Chuireadh e iongnadh ort nam biodh fios agad mar a bhios mise ag atharrachadh air làithean de dhiofar dath. Air cuid de lathaichean 's dòcha gum bi thu caran donn, mar mhathan; a' faireachdainn slaodach agus ìosal, ìosal. Ach an uair sin thig latha buidhe agus wheeeeeeee! Tha thu mar sheillean èasgaidh, aotrom. Tha an Dotair Seuss gar toirt tro iomadh seòrsa sunnd.

## No Means No!

Jayneen Sanders and Cherie Zamazing (ISBN 1925089223)

'S e leabhar-dheilbh chloinne a th' ann an 'No means No!' mu nighean bheag aig a bheil beachdan làidir agus soilleir mu gach cuspair, gu h-àraid a thaobh a bodhaig agus crìochan pearsanta.

## Friends

Eric Carle (ISBN 0399172068)

Uair a bha siud bha dithis charaidean ann a bhiodh an-còmhnaidh còmhla... Ach aon latha, bha am balach na aonar. Bha a charaid air falbh. Gun dragh dh'fhalbh e air cuairt a thug e tarsainn air abhairn luath, fhuar, thairis air beinn àrd, tro phàirc fharsaing agus coille làn fhaileasan dorcha. Tha e a' cadal fo adhar làn rionnagan agus ag aisling mu fhleòdradh air sgòthan mus d' fhuair e air ais gu charaid gràdhach.

## The boy who built a wall around himself

Ali Redford (ISBN 1849056838)

Thog balach balla mu thimcheall fhèin gus e fhèin a chumail sàbhailte. Air a chùlaibh bha e a' faireachdainn làidir agus fo dhòn. An uair sin thàinig Cuideigin Còir. Sgrìobhte do chlann

eadar aoisean 4 agus 9, tha an leabhar-dheilbh dathach, socair seo a' cleachdadh meatafor gus mìneachadh a dhèanamh air mar a thogas clann a chaidh tro shuidheachadh doirbh no draghail ballachan-dòn eadar iad fhèin agus daoine eile. Cuidichidh e clann gus conaltradh a dhèanamh mu na faireachdainnean aca.

### **The Invisible Boy**

Trudy Ludwig (ISBN 9781582464503)

Seo Brian, am balach nach fhaic duine. Cha bhi duine a' toirt an aire gu bheil e ann no a' smaoineachadh air a thoirt a-steach a bhuidheann no a chluich gèam no cuireadh a thoirt dha gu partaidh co-là-breith... gus an tàinig balach ùr dhan chlas. Nuair a tha Justin, am balach ùr a' tighinn, 's e Brian a tha a' cur a' chiad fhàilte air. Agus nuair a tha Brian agus Justin ag obair còmhla air pròiseact, tha Brian a' faighinn cothrom soirbheachadh. Tha an sgeulachd laghach seo a' sealltainn mar a chuidicheas rud beag coibhneis clann gus a bhith a' faireachdann gu bheil iad nam pàirt de rud, agus mar a shoirbhicheas iad air sgàth sin.

### **Kindness Starts with you**

Jacquelyn Stagg (ISBN 1775183319)

Lean Maddy tron chiad latha aice san sgoil, far an ionnsaich am pàiste agad cho furasta 's a tha e coibhneas a sgaoileadh! Bho bhith a' feitheamh cothrom air na dreallagan gu bhith cinnteach gu bheil a h-uile neach nam pait dhen ghèam – tha an sgeulachd seo a' sealltainn nach eil coibhneas sam bith a nì neach, ge bith dè cho beag, na chall.

### **What Did I look Like When I Was a Baby?**

Jeanne Willis agus Tony Ross (ISBN 184270 2106)

Tha Mìcheal a' faighneachd dha mhàthair; tha am babùn a' faighneachd dha mhàthair agus tha na beathaichean eile uile a' faighneachd dham màthraichean. Tha an fhreagairt anns gach suidheachadh eirmseach agus glè shìmplidh. Tha an leabhar seo a' coimhead air rudan a bhios a' ruith ann an teaghlaichean agus gineachan ann an dòigh a tha èibhinn agus sìmplidh. Eirmseach le fealla-dhà.

### **How did I begin?**

Mick Manning agus Brita Granstrom (ISBN 978-0-7496-5661-4)

Fiosrachadh na beatha do chlann òg a' leantainn na sgeulachd bho ghineadh gu breith bëibidh.

### **Before you were born**

Jennifer Davis (ISBN 0761112006)

Tha an leabhar innleachdach, eirmseach seo mu leatromachd ag innse sgeul màthar agus bëibidh bhon chiad bhuille-cridhe ga chluinntinn chun a' chiad thuras a tha iad a' coinneachadh.

### **How are babies made?**

Alastair Smith (ISBN 0746025025)

Faigh a-mach mar a tha bëibidh a' fas am broinn a mhàthar. Tog na flapaichean air na duilleagan gus na h-atharrachaidhean fhaicinn mar a tha am bëibidh a' fàs agus a' fàs.

### **Now We Have a Baby**

**Lois Rock (ISBN 07459 48855)**

Tha bòibidh ùr san teaghach agad. Tha uimhir de rudan cudromach ri ionnsachadh agus ri dhèanamh agus air am feumar smaoineachadh. A' toirt ionnsachadh do chlann òg mun bhuaidh a bhios aig bòibidh ùr air am beatha agus air an teaghach.

**Stories for boys who dare to be different**

Ben Brooks (ISBN 978-1-78747-198-6)

Sgeulachdan fior mu bhalaich iongantach (ainmeil agus neo-ainmeil) a dh'atharraich an saoghal.

**Goodnight stories for rebel girls**

Elena Favilli agus Francesca Cavallo (ISBN 978-0-141-98600-5)

Sgeulachdan mu bhoireannaich ghaisgeil air feadh an t-saoghal.